

## Nàiseanta 5 Nuadh-eòlas

<b>Còd a' chùrsa:</b>	C875 75
<b>Còd measaidh a' chùrsa:</b>	X875 75
<b>SCQF:</b>	Ìre 5 (24 SCQF puingean creideis)
<b>Dligheach bho:</b>	seisean 2017–18

Tha sònrachadh a' chùrsa a' tabhann fiosrachadh mionaideach mun chùrsa is mu mheasadh a' chùrsa gus dèanamh cinnteach gun tèid measadh cunbhalach is soilleir a dhèanamh bliadhna an dèidh bliadhna. Tha e a' toirt tuairisgeul seachad mu structar a' chùrsa is mu mheasadh a' chùrsa a thaobh nan sgilean, an eòlais is na tuigse a thathas a' measadh.

'S ann dha tidsearan is òraidichean a tha an sgrìobhainn seo agus tha am fiosrachadh deatamach gu lèir ann airson an cùrsa a libhrigeadh.

# Clàr-innse

<b>Geàrr-iomradh a' chùrsa</b>	<b>1</b>
Feallsanachd a' chùrsa	2
Adhbhar is amasan	2
Co dha a tha an cùrsa seo?	3
<b>Susbaint a' chùrsa</b>	<b>4</b>
Sgilean, eòlas is tuigse	4
Sgilean ionnsachaidh, sgilean beatha is sgilean obrach	10
<b>Measadh a' chùrsa</b>	<b>12</b>
Structair measaidh a' chùrsa: pàipear nan ceistean	12
Structar measaidh a' chùrsa: obair shònraichte	13
Rangachadh	16
<b>Co-ionannachd is in-ghabhaltas</b>	<b>17</b>
<b>Fiosrachadh a bharrachd</b>	<b>18</b>
<b>Pàipear-taic: notaichean taic a' chùrsa</b>	<b>19</b>
Ro-ràdh	19
A' leasachadh sgilean, eòlas is tuigse	19
Dòighean airson ionnsachadh, teagasg is measadh	19
Ag ullachadh airson measadh cùrsa	20
A' leasachadh sgilean ionnsachaidh, sgilean beatha is sgilean obrach	22

# Geàrr-iomradh a' chùrsa

Tha 24 puingeann creideis SCQF sa chùrsa a' gabhail a-steach tìde airson measadh cùrsa. Thathas den bheachd gun toir tagraiche 160 uair a thìde a' cur crìoch air a' chùrsa.

Tha dà eileamaid ri mheasadh sa chùrsa.

Eileamaid	Comharran	Ùine
Eileamaid 1: pàipear nan ceistean	80	2 uair a thìde is 20 mionaid
Eileamaid 2: obair shònraichte	20	1 uair a thìde

Inntrigeadh a thathar a' moladh	Adhartas
<p>Tha inntrigeadh dhan chùrsa seo an urra ri cead an ionaid.</p> <p>Bu chòir dha tagraichean a bhith air a' cheathramh ìre curraicealaim a choileanadh agus/no cùrsa Nàiseanta 4 ann an Nuadh-eòlas no teisteanasan co-ionann agus/no eòlas mus tòisich iad air a' chùrsa seo.</p>	<ul style="list-style-type: none"><li>◆ Teisteanasan eile ann an Nuadh-eòlas no ann an roinnean co-cheangailte</li><li>◆ Sgrùdadh, obair no trèanadh a bharrachd</li></ul>

## Cùmhnantan Duaise

Tha am bann a thèid a bhuileachadh a rèir nan comharran iomlan a fhuaras thairis air eileamaidean measaidh a' chùrsa air fad.

## Feallsanachd a' chùrsa

Tha cùrsaichean Nàiseanta a rèir luachan, adhbharan is prionnsapalan a' Churraicealaim airson Sàr-mhathais. Tha iad a' tabhann sùbailteachd, barrachd ùine airson ionnsachadh, barrachd fòcas air sgilean is air ionnsachadh a ghnìomhachadh agus cothrom airson pearsanachadh is roghainn.

Tha gach cùrsa a' toirt cothrom dha tagraichean leasachadh a dhèanamh air farsaingeachd, dùbhlán is gnìomhachadh. Tha fòcas is cothromachd a' mheasaidh sònraichte do gach cuspair.

Tha cùrsa Nuadh-eòlais Nàiseanta 5 a' brosnachadh thagraichean gus tuigse nas fheàrr den t-saoghal cho-aimsireil agus an àite ann, a leasachadh. Tha cothroman aca cuideachd airson leasachadh a dhèanamh air beachdan cudromach, leithid spèis airson luachan, creideamhan is cultaran chàich; a bhith fosgailte gu smuaintean is beachdan ùra agus a bhith mothachail mu dhleastanas is saoranachd chruinneil.

Tha an cùrsa a' cur cuideam air leasachadh is buileachadh sgilean. Tha am fòcas air luachadh stòran is air co-dhùnaidhean a dhèanamh a' leasachadh sgilean smaoineachaidh a thuilleadh air sgilean ann an litearrachd is àireamhachd. Tha gnìomhan rannsachail is smaoineachadh sgrùdail a' toirt chothroman dha tagraichean eòlas cudromach fhaighinn airson com-pàirt a ghabhail ann an obair buidhne is a bhith ag obair nan aonar.

## Adhbhar is amasan

Tha an cùrsa a' cleachdadh dòigh-obrach ioma-chuspaireach gus eòlas is tuigse thagraichean mu chùisean poilitigeach is sòisealta co-aimsireil a leasachadh ann an suidheachaidhean ionadail, Albannach, co-cheangailte ris an Rìoghachd Aonaichte agus eadar-nàiseanta. Tha tagraichean a' leasachadh sgilean gu bhith a' mìneachadh is a' com-pàirteachadh anns na pròiseasan sòisealta is poilitigeach ris an coinnich iad nam beatha.

Tha tagraichean a' leasachadh:

- ◆ raon de sgilean rannsachaidh is fiosrachail, a' gabhail a-steach: luachadh fiosrachadh/fianais gus taic a chur ri beachd no gus cur na aghaidh, airson breith a thoirt no a thighinn gu co-dhùnaidhean, gus argamaidean mionaideach a thogail; beachdan, barailean, breithneachaidhean is co-dhùnaidhean stèidhichte air fianais a chur an cèill
- ◆ tuigse mhionaideach mun phròiseas deamocratach
- ◆ tuigse mhionaideach mu chùisean sòisealta is eaconamach aig ìrean ionadail, Albannach, nàiseanta is eadar-nàiseanta
- ◆ dòighean air dèiligeadh ri feuman is neo- ionannachd
- ◆ tuigse air beachdan eadar-dhealaichte mu farsaingeachd obair na stàite am measg an t-sluaigh
- ◆ tuigse do nàdar is pròiseasan rèite air còmhstri
- ◆ tuigse mu chòraichean daonna is laghail agus an dleastanasan agus mar a thathas gan cur an gnìomh ann an diofar chomainn

## **Co dha a tha an cùrsa seo?**

Tha an cùrsa freagarrach dha raon farsaing de luchd-ionnsachaidh, bhon fheadhainn a tha airson barrachd tuigse fhaighinn air a' cho-chomann cho-aimsireil agus air an àite a th' aca ann, gun fheadhainn a tha airson a dhol air adhart gu trèanadh nas speisealaichte, foghlam adhartach no cosnadh.

# Susbaint a' chùrsa

Tha trì roinnean sgrùdaidh sa chùrsa Nuadh-eòlais Nàiseanta 5: Deamocrasaidh ann an Alba agus sa Rìoghachd Aonaichte, cùisean Sòisealta san Rìoghachd Aonaichte is cùisean Eadar-nàiseanta. Tha tòrr sùbailteachd sna cuspairean a tha rin sgrùdadh taobh a-staigh gach roinne airson cothrom a thoirt dha pearsanachadh is taghadh.

## Sgilean, eòlas is tuigse

### Sgilean, eòlas is tuigse airson a' chùrsa

Tha na leanas a' toirt gearr-iomradh farsaing air na sgilean cuspaireach, an eòlas is an tuigse a thathar a' leasachadh sa chùrsa:

- ◆ a' leasachadh is a' buileachadh sgilean, eòlas is tuigse mhionaideach ann an suidheachaidhean poilitigeach, sòisealta no eadar-nàiseanta
- ◆ le stiùireadh, a' rannsachadh is a' cleachdadh fiosrachadh a chaidh a chruinneachadh bho raon de stòran mu chùisean co-aimsireil air a bheilear, sa mhòr-chuid, eòlach
- ◆ a' cleachdadh raon de stòran fiosrachaidh gus taic a chur ri beachdan air neo a dhol nan aghaidh
- ◆ a' toirt seachad reusan mionaideach airson co-dhùnaidhean
- ◆ a' cur taic mhionaideach ri co-dhùnaidhean dligheach
- ◆ a' foillseachadh eòlas is tuigse mu na prìomh dhòighean-obrachaidh deamocratach, mu na stèidheachdan is bhuidhnean a tha a' dèanamh an-àirde beatha phoilitigeach ann an Alba agus/no san RA le bhith a' toirt seachad tuairisgeulan fìrinneach is mìneachaidhean mionaideach
- ◆ a' foillseachadh eòlas is tuigse mu phrìomh chùis shòisealta ann an Alba agus san RA, a' cuimseachadh air neo-ionannachd shòisealta air neo eucoir is an lagh, le bhith a' toirt seachad tuairisgeulan fìrinneach agus mìneachaidhean mionaideach
- ◆ a' foillseachadh eòlas is tuigse mu chùis eadar-nàiseanta co-cheangailte ri ùghdarrasan cudromach cumhachdach no cùis cho-aimsireil chruinneil le bhith a' toirt seachad tuairisgeulan fìrinneach agus mìneachaidhean mionaideach

### Sgilean, eòlas is tuigse airson measadh a' chùrsa

Tha na leanas a' toirt seachad mion-chunntasan na sgilean, eòlas is tuigse a th' ann am measadh a' chùrsa.

#### Eileamaid 1: pàipear nan ceistean

Tha trì earrannan ann am pàipear nan ceistean. Feumaidh tagraichean aon phàirt bho gach earrainn a fhreagairt. Tha roghainnean anns gach earrainn gus cothrom airson pearsanachadh is taghadh. Bidh eisimpleirean bho eòlas is tuigse ann am pàipear nan ceistean mar a leanas:

## Earrann 1: Deamocrasaidh ann an Alba agus san Rìoghachd Aonaichte

Bidh tagraichean a' leasachadh eòlas is tuigse mu shiostam poilitigeach na RA, a' gabhail a-steach an àite a th' aig Alba taobh a-staigh an t-siostaim seo. Bidh taghadh de cho-theacsaichean aig tagraichean an uair sin airson sgrùdadh, a th' air an tarraing **an dara cuid** bho shiostam poilitigeach na h-Alba **no** bho shiostam poilitigeach na Rìoghachd Aonaichte. Bidh tagraichean a' leasachadh eòlas is tuigse mu na prìomh stèidheachdan is buidhnean a tha an sàs ann am beatha phoilitigeach nan co-theacsa thaghte. Bidh iad a' leasachadh eòlas is tuigse mu na dòighean anns a bheil an sluagh a' faighinn fiosrachadh, comas com-pàirt a ghabhail is buaidh a thoirt air an t-siostam phoilitigeach. Bidh iad a' leasachadh tuigse mu an còraichean is an dleastanasan ann an saoghal co-aimsireil deamocratach is poilitigeach.

### Eòlas is Tuigse

#### Roghainn 1: Deamocrasaidh ann an Alba

##### Cumhachd is Co-dhùnadh

- ◆ comharran de shòisealtachd dheamocratach phoilitigeach
- ◆ cùisean tiomnaichte is glèidhte
- ◆ dreuchd is cumhachdan Ciad Mhinistear na h-Alba

##### Com-pàirteachadh

- ◆ còraichean is dleastanasan dhaoine fa leth
- ◆ cothroman dha daoine fa leth
- ◆ taghaidhean is iomairtean (àite dhaoine fa leth, phàrtaidhean poilitigeach agus nam meadhanan)

##### Buaidh

- ◆ nam meadhanan agus **an dara cuid**
- ◆ buidhnean tagraidh **no**
- ◆ aonaidhean ciùird

(Bu chòir dha sgrùdadh den bhuidhinn thaghte a bhith a' cuimseachadh air dreuchd, adhbhar, amasan, dòighean-obrach agus luachadh breithneachail air an ìre gu bheil buaidh ga chleachdadh ann an deamocrasaidh.)

##### Riochdachadh

- ◆ dreuchd BPA

#### Roghainn 2: Deamocrasaidh san RA

##### Cumhachd is Co-dhùnadh

- ◆ comharran de shòisealtachd dheamocratach phoilitigeach
- ◆ cùisean tiomnaichte is glèidhte
- ◆ dreuchd is cumhachdan a' Phrìomh Mhinistear

##### Com-pàirteachadh

- ◆ còraichean is dleastanasan daoine fa leth
- ◆ cothroman dha daoine fa leth
- ◆ taghaidhean is iomairtean (àite dhaoine fa leth, phàrtaidhean poilitigeach agus nam meadhanan)

##### Buaidh

- ◆ na meadhanan agus **an dara cuid**
- ◆ buidhnean tagraidh **no**
- ◆ aonaidhean ciùird

(Bu chòir dha sgrùdadh den bhuidhinn thaghte a bhith a' cuimseachadh air dreuchd, adhbhar, amasan dòighean-obrach agus luachadh breithneachail air an ìre gu bheil buaidh ga chleachdadh ann an deamocrasaidh.)

##### Riochdachadh

- ◆ dreuchd BP

<ul style="list-style-type: none"> <li>◆ riochdachadh bhoireannaich is mion-bhuidhnean</li> <li>◆ adhbhar, gnìomh is òrdachadh Chomataidhean ann am Pàrlamaid na h-Alba</li> </ul> <p><b>Siostaman bhòtaidh</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>◆ prìomh chomharran is builean an t-siostaim a th' air a chleachdadh gus BPA a thaghadh gu Pàrlamaid na h-Alba, a' gabhail a-steach neartan is laigsean an t-siostaim seo</li> </ul>	<ul style="list-style-type: none"> <li>◆ riochdachadh bhoireannaich is mion-bhuidhnean</li> <li>◆ adhbhar, gnìomh is òrdachadh ann an Taigh nam Morairean</li> </ul> <p><b>Siostaman bhòtaidh</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>◆ prìomh chomharran is builean an t-siostaim a th' air a chleachdadh gus BP a thaghadh gu Pàrlamaid na RA, a' gabhail a-steach neartan is laigsean an t-siostaim seo</li> </ul>
---	--

## Earrann 2: Cùisean sòisealta san Rìoghachd Aonaichte

Tha taghadh aig tagraichean ann an cùisean sòisealta taobh a-staigh na h-Alba is na RA. Tha co-theacsaichean sgrùdaidh a' cuimseachadh air neo-ionannachd air neo air eucoir is an lagh.

Ann an co-theacsa neo-ionannachd bidh tagraichean a' cuimseachadh air taobhan sòisealta is eaconomach de neo-ionannachd shòisealta cho-aimsireil san RA. Bidh iad a' leasachadh eòlas is tuigse do dh'adhbharan is toraidhean neo-ionannachd shòisealta agus do dh'oidhirpean an riaghaltais, bhuidhnean eile is dhaoine fa leth air dèiligeadh ris.

Ann an co-theacsa eucoir is an lagh, bidh tagraichean a' cuimseachadh air nàdar, ìre is adhbharan eucoir, air a' bhuidhnean a tha aig eucoir air daoine fa leth agus air a' cho-chomann agus am pàirt a th' aig daoine fa leth, aig na poilis agus aig an t-siostam laghail is an stàit ann a bhith a' dèiligeadh ri eucoir.

Airson measadh a' chùrsa feumar eòlas is tuigse agus luachadh breithneachail air Neo-ionannachdan Sòisealta no Eucoir is an Lagh a bhith air an cleachdadh thairis air **co-dhiù a dhà** de na buidhnean a leanas:

- ◆ clas sòisealta
- ◆ aois
- ◆ gnè
- ◆ mion-bhuidhnean

### Eòlas is Tuigse

#### Roghainn 1: Cion cho-ionannas Sòisealta

##### Nàdar cion cho-ionannas shòisealta

- ◆ nàdar is ìre neo-ionannachd ann an Alba agus san RA
- ◆ fianais de chion cho-ionannas shòisealta ann an Alba agus/no san RA, leithid aithisgean oifigeil agus rannsachadh acadamaigeach

##### Adhbharan airson cion cho-ionannas shòisealta is eaconamach

- ◆ cosnadh/dìth cosnaidh
- ◆ teachd-a-steach
- ◆ buileachadh foghlaim
- ◆ leth-bhreith

##### Buaidhean cion cho-ionannas shòisealta is eaconamach

- ◆ air daoine fa leth
- ◆ air teaghlaichean
- ◆ air coimhearsnachdan
- ◆ air sòisealtachd san fharsaingeachd

#### Roghainn 2: Eucoir is an Lagh

##### Nàdar eucoir

- ◆ nàdar is ìre eucoir ann an Alba agus san RA
- ◆ fianais de dh'eucoir ann an Alba agus/no san RA, leithid aithisgean oifigeil agus aithisgean acadamaigeach

##### Adhbharan airson eucoir

- ◆ cùisean sòisealta agus mìneachaidhean air eucoir
- ◆ adhbharan eaconamach agus mìneachaidhean air eucoir
- ◆ adhbharan is mìneachaidhean bith-eòlasach airson eucoir

##### Buaidhean eucoir

- ◆ air ciontaich
- ◆ air fulangaichean
- ◆ air teaghlaichean
- ◆ air coimhearsnachdan

<p><b>Freagairtean dha cion cho-ionannais shòisealta</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>◆ <b>Freagairtean an Riaghaltais</b> <ul style="list-style-type: none"> <li>— freagairtean an riaghaltais dha cion cho-ionannais</li> <li>— èifeachdas freagairtean an riaghaltais</li> </ul> </li>   <li>◆ <b>Roinn phrìobhaideach</b> <ul style="list-style-type: none"> <li>— freagairtean na roinne phrìobhaidich dha cion cho-ionannais</li> <li>— èifeachdas fhreagairtean prìobhaideach</li> </ul> </li>   <li>◆ <b>Roinn shaor-thoileach</b> <ul style="list-style-type: none"> <li>— freagairtean na roinne shaor-thoilich dha cion cho-ionannais</li> <li>— èifeachdas freagairtean na roinne shaor-thoilich</li> </ul> </li> </ul>	<ul style="list-style-type: none"> <li>◆ air sòisealtachd san fharsaingeachd</li> </ul> <p><b>Siostam ceartais eucoireach</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>◆ dreuchd is structar nan cùirtean eucoir (a' gabhail a-steach siostam èisteachd na cloinne)</li> <li>◆ cumhachdan nan cùirtean eucoir (a' gabhail a-steach siostam èisteachd na cloinne)</li> <li>◆ èifeachdas nan cùirtean eucoir ann an dèiligeadh ri eucoir</li> </ul> <p><b>Freagairtean dha eucoir</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>◆ <b>Freagairtean riaghaltais</b> <ul style="list-style-type: none"> <li>— freagairtean an riaghaltais dha eucoir</li> <li>— èifeachdas freagairtean an riaghaltais</li> </ul> </li>   <li>◆ <b>Poilis</b> <ul style="list-style-type: none"> <li>— dreuchd, structar is cumhachdan nam poileas ann an Alba</li> <li>— èifeachdas nam poileas ann an Alba ann a bhith a' dèiligeadh ri eucoir</li> </ul> </li>   <li>◆ <b>Prìosanan</b> <ul style="list-style-type: none"> <li>— adhbhar is èifeachdas phrìosanan</li> <li>— adhbhar is èifeachdas roghainnean eile an àite phrìosanan</li> </ul> </li> </ul>
---	--

### Earrann 3: Cùisean eadar-nàiseanta

Tha taghadh de cho-theacsaichean aig tagraichean airson an sgrùdadh. Feumaidh co-theacsaichean sgrùdadh a bhith nan sgrùdadh sòiseo-eaconamach is poiliteagach de phrìomh ùghdarras cruinneil no na chùis c udmach chruinneil.

Tha sgrùdadh air ùghdarras cruinneil a' cuimseachadh air an t-siostam phoilitigeach an ùghdarras chruinneil, air a cho-cheanglaichean eadar-nàiseanta is air a chùisean sòiseo-eaconamach taobh a-staigh a' phrìomh ùghdarras chruinneil. **Feumaidh** a' phrìomh ùghdarras cruinneil a thoirt bho aon de na dùthchannan G7 (ach a-mhàin an RA) no bho aon de na leanas: Brasil, Sìona, na h-Innseachan, An Ruis, Afraga a Deas.

Tha sgrùdadh de chùis chruinneil a' cuimseachadh air cùis chudromach o chionn ghoirid, adhbharan is a thoraidhean, agus air oidhirpean airson fhuasgladh. Feumaidh a' chùis chruinneil a thèid a sgrùdadh a bhith na cùis cho-aimsireil a tha a' toirt buaidh air àireamh de dhùthchannan. Feumaidh a' chùis chruinneil tarraing à aon de na cùisean cruinneil seo:

- ◆ còmhrag chudromach roinneil no eadar-nàiseanta (cogadh no ceannairc)
- ◆ cùis eaconamach chudromach roinneil no eadar-nàiseanta
- ◆ cùis dhaonnachail chudromach roinneil no eadar-nàiseanta

### Eòlas is Tuigse

#### Roghainn 1: Cumhachdan an t-Saoghail

##### Siostam poiliteagach

- ◆ siostam poiliteagach
- ◆ com-pàirteachadh
- ◆ riochdachadh

##### Buaidh air dùthchannan eile

- ◆ buaidh phoilitigeach
- ◆ buaidh eaconamach
- ◆ buaidh armailteach

##### Cùisean sòisealta is eaconamach

Bu chòir trì cùisean aig a' char as lugha a sgrùdadh. Bu chòir dha aon chùis co-dhiù a bhith na cùis shòisealta agus aon na cùis eaconamach.

- ◆ cosnadh
- ◆ bochdainn/neo-ionannachd
- ◆ gluasad sluaigh
- ◆ slàinte
- ◆ foghlam
- ◆ eucoir is an lagh

#### Roghainn 2: Cùisean an t-Saoghail

##### Nàdar is adhbharan na còmhraig/cùise

- ◆ adhbharan poiliteagach
- ◆ adhbharan sòisealta
- ◆ adhbharan eaconamach

##### Toraidhean na còmhraig/cùise

- ◆ buaidh air an fheadhainn ris na bhean e sa bhad
- ◆ buaidh air dùthchannan eile is an riaghaltasan (a' gabhail a-steach na RA)
- ◆ toraidhean roinneil agus/no toraidhean eadar-nàiseanta nas fharsainghe

##### Oidhirpean gus a' chòmhrag/chùis fhuasgladh

- ◆ buidhnean dà-thaobhach, roinneil agus/no eadar-nàiseanta — dreuchd is togradh
- ◆ oidhirpean armailteach gus còmhrag/cùisean fhuasgladh
- ◆ oidhirpean neo-armailteach gus còmhrag/cùisean fhuasgladh

##### Luachadh buidheann (bhuidhnean) eadar-nàiseanta ann an dèiligeadh ris a' chòmhraig/chùis

- ◆ fianais air soirbheachadh/fàilligeadh

<p><b>Èifeachdas ann an dèiligeadh ri cùisean shòisealta is eaconamach</b></p> <p>Bu chòir sgrùdadh a dhèanamh air <i>tri cùisean aig a' char as lugha</i>. Bu chòir dha aon chùis co-dhiù a bhith na cùis shòisealta agus aon na cùis eaconamach</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>◆ cosnadh</li> <li>◆ bochdainn/neo-ionannachd</li> <li>◆ gluasad sluaigh</li> <li>◆ slàinte</li> <li>◆ foghlam</li> <li>◆ eucoir is an lagh</li> </ul>	<ul style="list-style-type: none"> <li>◆ adhbharan airson soirbheachadh/fàilligeadh</li> <li>◆ toraidhean soirbheachais/fàilligidh</li> </ul>
---	---

## Eileamaid 2: obair shònraichte

Tha taghadh fosgailte aig tagraichean ann an cuspair no cùis ann an Nuadh-eòlas. Bu chòir dhan taghadh aca a bhith co-cheangailte ri cùis cho-aimsireil phoilitigeach, shòisealta no eadar-nàiseanta agus a bhith cuingealaichte ris an t-susbaint a th' ann am pàipear nan ceistean.

Tha sgilean, eòlas is tuigse a tha sa chùrsa freagarrach airson ìre SCQF den chùrsa. Tha taisbeanairan ìre SCQF a' tabhann barrachd fiosrachaidh mu na feartan is an coileanadh ris am bi dùil aig gach ìre SCQF ([www.scqf.org.uk](http://www.scqf.org.uk)).

## Sgilean ionnsachaidh, sgilean beatha is sgilean obrach

Tha an cùrsa seo a' cuideachadh thagraichean le bhith a' leasachadh sgilean farsaing coitcheann. Tha na sgilean sin stèidhichte air Frèam Sgilean Ionnsachaidh, Sgilean Beatha is Sgilean Obrach agus tha iad a' tarraing bho na prìomh roinnean sgilean a leanas:

### 1 Litearrachd

- 1.1 Leughadh
- 1.2 Sgrìobhadh

### 2 Àireamhachd

- 2.3 Làimhseachadh fiosrachadh

### 4 Fastaidheachd, iomairt is saoranachd

- 4.6 Saoranachd

### 5 Sgilean smaoineachaidh

- 5.3 A' cleachdadh
- 5.4 A' mion-sgrùdadh is a' luachadh

Feumar na sgilean sin a chleachdadh sa chùrsa far a bheil cothroman freagarrach ann agus bu chòir dhan ìre a bhith iomchaidh airson ìre a' chùrsa.

Tha tuilleadh fiosrachaidh airson sgilean ionnsachaidh, sgilean beatha is sgilean obrach fhighhe a-steach dhan chùrsa ri fhaighinn ann an notaichean taic a' chùrsa.

# Measadh a' chùrsa

Tha measadh a' chùrsa stèidhichte air an fhiosrachadh a tha san sgrìobhainn seo.

Tha measadh a' chùrsa a rèir prìomh rùintean is amasan a' chùrsa le bhith a' dèiligeadh ri:

- ◆ farsaingeachd — a' cleachdadh eòlas is sgilean bhon chùrsa
- ◆ dùbhlán — a' cur feum air farsaingeachd nas motha no leudachadh eòlais agus/no sgilean
- ◆ cleachdadh — a' cur feum air cleachdadh eòlais agus/no sgilean ann an co-theacsaichean practaigeach no beachdail mar a tha iomchaidh.

Tha seo a' toirt cothrom dha tagraichean a bhith:

- ◆ a' tarraing bho, a' leudachadh is a' cleachdadh nan sgilean, an eòlais is na tuigse a thog iad tron chùrsa.
- ◆ A' leudachadh is a' cleachdadh an sgilean, eòlas is tuigse.

Tha na sgilean, an t-eòlas is an tuigse a th' anns a' chùrsa freagarrach dha ìre SCQF den chùrsa. Tha na taisbeanair aig ìre SCQF a' tabhann fhiosrachadh a bharrachd air feartan agus air a' choileanadh ris am bi dùil aig gach ìre SCQF ([www.scqf.org.uk](http://www.scqf.org.uk)).

## Structair measaidh a' chùrsa: pàipear nan ceistean

### Pàipear nan ceistean

**80 comharra**

Tha pàipear nan ceistean a' toirt cothrom dha tagraichean a bhith a' foillseachadh cleachdadh nan sgilean, farsaingeachd eòlais agus na tuigse a leanas bho sgilean, eòlas is tuigse a tha ann an earrainn measaidh a' chùrsa:

- ◆ a' cur taic ri is a' cur an aghaidh beachd a' cleachdadh raon cuibhrichte de stòran fhiosrachaidh
- ◆ a' tighinn gu co-dhùnadh is ga fhìreanachadh a' cleachdadh raon cuibhrichte de stòran fhiosrachaidh
- ◆ • a' tighinn gu co-dhùnidhean is a' cur taic riutha le raon cuingealaichte de stòran fhiosrachaidh
- ◆ a' toirt seachad tuairisgeulan mionaideach is mìneachaidhean le beagan mion-sgrùdaidh

Tha trì earrannan ann am pàipear nan ceistean. Tha dà phàirt roghnach anns gach earrainn agus anns gach roghainn feumaidh tagraichean ceithir ceistean a fhreagairt: Tha trì ceistean mu eòlas is tuigse; tha an ceathramh ceist a' measadh sgilean luachaidh a' cleachdadh stòran.

Anns gach earrainn tha ceistean cuingealaichte/leudaichte far am feum tagraichean tarraing bho eòlas is tuigse agus na sgilean a thog iad sa chùrsa a chleachdadh. Tha eadar-dhealachadh taobh a-staigh gach ceist.

### **Earrann 1: Deamocrasaidh ann an Alba agus san Rìoghachd Aonaichte**

Tha roghainn aig tagraichean ceistean mu dheamocrasaidh ann an Alba no anns an Rìoghachd Aonaichte a fhreagairt.

### **Earrann 2: Cùisean sòisealta san Rìoghachd Aonaichte**

Tha roghainn aig tagraichean ceistean mu neo-ionannachd shòisealta a fhreagairt no ceistean mu eucoir is an lagh.

### **Earrann 3: Cùisean eadar-nàiseanta**

Tha roghainn aig tagraichean ceistean mu ùghdarrasan cruinneil no cùisean cruinneil a fhreagairt.

Tha 80 comharra a-mach à 100 comharra ann an co-phàirt pàipear nan ceistean airson measadh cùrsa. Mar sin tha luach 80% de na comharran iomlan ann am pàipear nan ceistean airson measadh a' chùrsa.

### **A' sgrìobhadh, a' stiùireadh is a' comharrachadh pàipear nan ceistean**

Tha pàipear nan ceistean air a sgrìobhadh is air a chomharrachadh le SQA, agus air a stiùireadh ann an ionadan a rèir cùmhnantan SQA airson deuchainnean air an taobh a-muigh. Bidh tagraichean gan crìochnachadh ann an 2 uair a thìde is 20 mionaid.

Tha pàipearan cheist sampail airson Nàiseanta 5 air làrach-lìn SQA. Tha iad sin a' sealltainn inbhe, structarriatanasan nam pàipearan a bhios tagraichean a' feuchainn. Tha mìneachaidhean airson comharrachadh anns na pàipearan sampail sin cuideachd.

## **Structar measaidh a'chùrsa: obair shònraichte**

### **Obair shònraichte**

**20 comharra**

Tha an obair shònraichte a' toirt cothrom dha tagraichean dùbhlàn is cleachdadh fhoillseachadh le bhith a' taisbeanadh nan sgilean, an eòlais is na tuigse a leanas:

- ◆ a' taghadh le glè bheag taic, cuspair no cùis ann an Nuadh-eòlas
- ◆ a' lorg, aig a' char as lugha, dà stòr eadar-dhealaichte ann an dòigh cho neo-eisimeileach 's a ghabhas, agus a bhith a' cruinneachadh fianais fhreagarrach bhuapa
- ◆ a' luachadh èifeachdas dà stòir a chaidh a chleachdadh, a' toirt iomradh air an neartan is an laigsean sònraichte
- ◆ a' cleachdadh sgilean Nuadh-eòlais anns an fhianais a chaidh a chruinneachadh
- ◆ a' tarraing bho eòlas is tuigse gus prìomh fheartan a' chuspair no a' chùis a mhìneachadh is a mhion-sgrùdadh
- ◆ a' tighinn gu co-dhùnadh làidir, le taic fianais mun chuspair no mun chùis

Bidh tagraichean a' cleachdadh stòran comharraichte aig an ìre nuair a tha iad a' buileachadh fianais. Tha teampalaid dhealbhaichte ann airson fianais fhoillseachadh.

Tha 20 comharra a-mach à 100 comharra airson measadh a' chùrsa ann airson obair shònraichte. Mar sin tha luach 20% de na comharran iomlan airson measadh san obair shònraichte.

### **A' sgrìobhadh, a' cuairteachadh is a' comharrachadh obair shònraichte**

Tha an obair shònraichte air a sheatadh le ionadan a rèir stiùireadh SQA. Bidh SQA a' toirt mion-fhiosrachadh seachad airson na fianais a tha ri a mheasadh. Tha taghadh fosgailte aig tagraichean de rannsachadh cuspair no cùis cho-aimsireil ann an Nuadh-eòlas. Bithear a' cur fianais gu SQA airson comharrachadh on taobh a-muigh. Tha SQA a' dèanamh cinnteach gu bheil an comharrachadh gu lèir de chàileachd dhearbhte.

Tha dà ìre san obair shònraichte:

- ◆ rannsachadh
- ◆ foillseachadh fianais

### **Ùine**

Aig ìre an rannsachaidh bidh tagraichean a' taghadh cuspair no cùis a bheir cothrom dhaibh mion-sgrùdadh a dhèanamh air cùis cho-aimsireil. Bidh iad a' rannsachadh na cùise agus ag eagrachadh an toraidhean airson dèiligeadh ris a' chuspair, a' cleachdadh nan goireasan comharraichte a chruinnich iad tron rannsachadh gus taic a thoirt dhaibh ann am foillseachadh na fianais. Tha ìre an rannsachaidh air a deilbh airson a coileanadh taobh a-staigh 8 uairean a thìde.

Bu chòir dha tagraichean an rannsachadh a ghabhail os làimh aig àm iomchaidh sam bith sa chùrsa. Mar as trice bidh seo nuair a tha iad air na sgilean, an t-eòlas is an tuigse riatanach a leasachadh.

Feumar foillseachadh na fianais airson measadh a choileanadh taobh a-staigh uair a thìde agus ann an aon suidhe. Bu chòir dha tagraichean an fhianais fhoillseachadh ann an ùine a choinnicheas ris a' cheann-latha a shuidhich SQA.

### **Stiùireadh, smachd is dearbhadh**

Tha an rannsachadh ga ghabhail os làimh le ìre de stiùireadh is smachd. Tha seo a' ciallachadh, ged a dh'fhaodas tagraichean pàirt den obair a choileanadh taobh a-muigh suidheachadh an ionnsachaidh is an teagaisg, gum bu chòir dha measadairean dòighean airson sùil a chumail air adhartas a shuidheachadh agus gus dèanamh cinnteach gur e obair an tagraiche a th' ann agus nach robh mèirle-sgrìobhaidh air àite a ghabhail. Mar eisimpleir:

- ◆ coinneamhan adhartais eadar-amail le tagraichean
- ◆ ceasnachadh
- ◆ clàradh an tagraiche air gnìomh/adhartas
- ◆ faire a' mheasadair

Thèid gabhail ri obair-buidhne mar phàirt den rannsachadh. Ach feumaidh fianais shoilleir a bhith aig gach tagraiche gu bheil iad air riatanasan fianais a choileanadh.

Tha foillseachadh na fianais ga chuirteachadh le ìre àrd de fhaire is smachd. Tha seo a' ciallachadh gu bheil e riatanach dha tagraichean:

- ◆ a bhith ann an làthaireachd a' mheasadair (no neach freagarrach eile) fhad 's a tha am measadh a' dol air adhart
- ◆ gun a bhith a' conaltradh ri càch a chèile
- ◆ goireasan comharraichte a-mhàin a bhith aca

### **Goireasan**

Aig ìre an rannsachaidh chan eil cuingealachadh sam bith air na goireasan a dh'fhaodas tagraichean a chleachdadh. Aig an fhoillseachadh fianais mu dheireadh chan fhaod cothrom a bhith aig tagraichean ach air na goireasan comharraichte a-mhàin, stuthan a chaidh a chruinneachadh aig ìre an rannsachaidh agus suas ri dà dhuilleag shingilte A4.

Aig foillseachadh deireannach na fianais chan fhaod cothrom a bhith aig tagraichean ach air Duilleag Rannsachaidh Nuadh-eòlais. Tha Duilleag Rannsachaidh Nuadh-eòlais airson tagraichean a chuideachadh le foillseachadh thoraidhean an rannsachaidh agus le bhith a' cleachdadh an sgilean, an eòlas is an tuigse. Cha bhithear a' comharrachadh na Duilleig Rannsachaidh. Ach feumaidh an tagraiche a cur a-steach còmhla ris an obair shònraichte.

### **Cuideachadh reusanta**

Bu chòir dha measadairean stiùireadh reusanta a thoirt seachad mun t-seòrsa cuspair no cùis a bheir cothrom dha tagraichean riatanasan na h-obrach a choileanadh. Faodaidh iad cuideachd stiùireadh a thoirt dha tagraichean mu fhaotainneachd ghoireasan airson a' chuspair no na cùis a thagh iad.

Bu chòir dha tagraichean an rannsachadh a dhèanamh le glè bheag taic bhon mheasadair.

Feumaidh measadairean an dleastanas proifeiseanta a chur an gnìomh ann a bhith a' dèanamh cinnteach gur e obair fhèin a tha an tagraiche air a chur a-steach mar fhianais.

Feumaidh tagraichean foillseachadh na fianais a ghabhail os làimh gu neo-eisimeileach. Ach faodar taic reusanta a thoirt seachad mus tèid an fhianais fhoillseachadh. Tha an abairt 'cuideachadh reusanta' air a chleachdadh gus feuchainn ris an fheum airson taic a chothromachadh ri bhith a' toirt cus taic seachad. Ma tha tagraiche a' cur feum air barrachd air 'taic reusanta' 's dòcha nach eil e deiseil airson measadh no 's dòcha gun deach a chur a-steach dhan ìre theisteanais cheàrr.

Faodar taic reusanta a thoirt seachad air bunait choitcheann dha clas no buidheann thagraichean, me comhairle mu leasachadh plana pròiseict. Faodar a thoirt cuideachd dha tagraichean air bunait fa leth. Nuair a tha taic reusanta ga thoirt seachad do neach fa leth ann an suidheachadh far a bheil an tagraiche mu thràth air rudeigin fhoillseachadh no a shealltainn, tha cunnart ann gum bi e na thaic measaidh agus feumaidh measadairean a bhith mothachail gum faodadh seo a dhol thairis air taic reusanta.

Aig ìre rannsachaidh faodaidh taic reusanta gabhail a-steach:

- ◆ tagraichean a stiùireadh gu na stiùiridhean airson tagraichean
- ◆ soilleireachadh stiùireadh/riatanasan na h-obrach
- ◆ comhairle dha tagraichean mun roghainn cuspair no cùise

- ◆ comhairle dha tagraichean mu stòran fiosrachaidh a dh'fhaodadh a bhith ann
- ◆ a' cur tursan air dòigh airson fianais a chruinneachadh
- ◆ sgrùdadh eadar-amail air adhartas

Ann a bhith ag ullachadh airson ìre foillseachaidh fianais, faodaidh cuideachadh reusanta gabhail a-steach comhairle a thoirt dha tagraichean mu nàdar is meud nan goireasan comharraichte a dh'fhaodar a chleachdadh gu taic a chur ri foillseachadh fianais.

Aig ìre sam bith chan eil taic reusanta a' gabhail a-steach:

- ◆ a' toirt cuspair no cùis dhan tagraiche
- ◆ a' stiùireadh thagraichean gu stòran sònraichte a dh'fhaodar a chleachdadh
- ◆ a' toirt freagairtean sampail seachad
- ◆ a' toirt bheachdan mionaideach seachad mu dhreachdan, a' gabhail a-steach comharrachadh

## Fianais ri thional

'S e am fianais a dh'fheumas tagraiche airson a' mheasaidh seo:

- ◆ obair shònraichte air a choileanadh is air a chlàradh air teamploid Nuadh-eòlais le àrd-ìre de aireachas
- ◆ Duilleag Rannsachaidh Nuadh-eòlais le dà dhuilleag shingilte A4

### Tomad

Chan eil àireamh fhaclan air a chur an cèill airson obair shònraichte ach tha an Duilleag Rannsachaidh cuingealaichte ri dà dhuilleag shingilte A4.

## Rangachadh

Tha bann iomlan tagraiche a rèir mar a choilean iad thairis air measadh a' chùrsa. Tha measadh a' chùrsa air a rangachadh bho A–D a rèir a' chomharra iomlan a fhuaras airson gach pàirt den chùrsa a chaidh a mheasadh.

### Tuairisgeul dearbhaidh airson ìre C

Airson ìre C fhaighinn, bidh tagraichean air coileanadh soirbheachail a shealltainn de na sgilean, den eòlas is den tuigse sa chùrsa.

### Tuairisgeul dearbhaidh airson ìre A

Airson ìre A fhaighinn, bidh tagraichean air àrd-ìre de choileanadh a shealltainn gu cunbhalach a thaobh sgilean, eòlas is tuigse airson a' chùrsa.

# Co-ionannachd is in-ghabhaltas

Tha an cùrsa seo air a dheilbh airson a bhith cho cothromach is cho ruigsinneach 's a ghabhas gun bhacaidhean neo-riatanach gu ionnsachadh no measadh.

Airson stiùireadh air òrdachadh measaidh dha tagraichean ciorramach agus/no feadhainn le feumalachdan taic a bharrachd, lean an ceangal gu duilleag-lìn òrdachadh measaidh [www.sqa.org.uk/assessmentarrangements](http://www.sqa.org.uk/assessmentarrangements)

# Fiosrachadh a bharrachd

Tha fiosrachadh feumail is bun-fhiosrachadh anns na sgrìobhainnean fiosrachaidh a leanas:

- ◆ [National 5 Modern Studies subject page](#)
- ◆ [Assessment arrangements web page](#)
- ◆ [Building the Curriculum 3–5](#)
- ◆ [Design Principles for National Courses](#)
- ◆ [Guide to Assessment](#)
- ◆ [SCQF Framework and SCQF level descriptors](#)
- ◆ [SCQF Handbook](#)
- ◆ [SQA Skills Framework: Skills for Learning, Skills for Life and Skills for Work](#)
- ◆ [Coursework Authenticity: A Guide for Teachers and Lecturers](#)
- ◆ [Educational Research Reports](#)
- ◆ [SQA Guidelines on e-assessment for Schools](#)
- ◆ [SQA e-assessment web page](#)

# Pàipear-taic: notaichean taic a' chùrsa

## Ro-ràdh

Chan eil na notaichean taic sin riatanach. Tha iad a' toirt comhairle is stiùireadh dha tidsearan agus òraidichean mu dhòighean air a' chùrsa a libhrigeadh. Bu chòir an leughadh còmhla ri sònrachadh a' chùrsa seo is ri sampall a' phàipeir-cheist agus/no an obair-cùrsa.

## A' leasachadh sgilean, eòlas is tuigse

Tha an earrann seo a' toirt seachad tuilleadh comhairle is stiùiridh mu na sgilean, an eòlas is an tuigse a dh'fhaodadh a bhith sa chùrsa. Bu chòir dha tidsearan is òraidichean tarraing bho shònrachadh a' chùrsa seo airson nan sgilean, an eòlais is na tuigse a th' ann am measadh a' chùrsa. Tha sùbailteachd chudromach aig luchd-planaidh a' chùrsa airson taghadh a dhèanamh air co-theacsaichean rianail a bheir brosnachadh is dùbhlàn dha na tagraichean is a bheir dhaibh an dà chuid farsaingeachd is doimhneachd.

## Dòighean airson ionnsachadh, teagasg is measadh

Tha Nuadh-eòlas Nàiseanta 5 na sgrùdadh air feartan de cho-chomann co-aimsireil. Tha cothroman ann tron chùrsa airson ionnsachadh a dhaingneachadh is a neartachadh le bhith a' dèanamh cheanglaichean eadar feartan de dh'eòlas is tuigse a rèir de na cuspairean is na cùisean a thathar a' sgrùdadh.

Airson ìre C fhaighinn, bidh tagraichean air coileanadh soirbheachail a shealltainn airson a' chùrsa seo. Chan eil òrdugh teagasg sam bith ann airson a' chùrsa seo. Ach bu chòir cothrom a thoirt dha tagraichean farsaingeachd chuspairean a sgrùdadh mus tagh iad ceist ann an Nuadh-eòlas airson na h-obrach shònraichte aca. Bu chòir leasachadh sgilean a bhith na phàirt de ionnsachadh is teagasg bhon toiseach gus tagraichean a chuideachadh le bhith a' togail an sgilean mean air mhean tron chùrsa.

Tha tagraichean ag ionnsachadh anns an dòigh as fheàrr nuair:

- ◆ a thuigeas iad gu soilleir na tha iad a' feuchainn ri ionnsachadh agus na thathar a' sùileachadh bhuapa
- ◆ a thèid fiosrachadh air ais a thoirt dhaibh mu chàileachd an cuid obrach agus mu na dh'fhaodas iad a dhèanamh airson piseach a thoirt air
- ◆ a thèid comhairle a thoirt dhaibh mu mar a nì iad leasachaidhean agus nuair a tha iad fhèin an sàs ann a bhith a' beachdachadh de a dh'fheumas a dhèanamh an ath uair
- ◆ a bhios fios aca cò a dh'fhaodas cuideachadh a thoirt dhaibh ma bhios feum air

Bu chòir dha tidsearan is òraidichean:

- ◆ ionnsachadh neo-eisimeileach a bhrosnachadh is a chuideachadh
- ◆ tagraichean a chuideachadh gus riatanasan a' chùrsa a thuigsinn le bhith a' roinn shlatan-tomhais ionnsachaidh/measaidh
- ◆ fios air ais èifeachdach a libhrigeadh

- ◆ tagraichean a bhrosnachadh airson an amasan ionnsachaidh fhèin a shuidheachadh
- ◆ tagraichean a bhrosnachadh airson na th' aca de dh'eòlas a mheasadh
- ◆ fèin-luachadh is luachadh chomhaoisean a bhrosnachadh
- ◆ ceasnachadh èifeachdach a dhèanamh a' cleachdadh ceasnachadh de dh'òrdugh nas àirde nuair a tha sin iomchaidh

Thèid coileanadh àrdachadh le bhith a' cleachdadh measadh airson adhbharan bunaiteach mar:

- ◆ a' toirt fiosrachadh air ais
- ◆ a' toirt cunntas air adhartas
- ◆ a' comharrachadh neartan thagraichean agus roinnean airson leasachadh

## Ag ullachadh airson measadh cùrsa

### Pàipear nan ceistean

Bu chòir freagairtean dha ceistean air eòlas is tuigse (KU) oidhirpean a ghabhail a-steach air freagairtean a leudachadh a' cleachdadh eisimpleirean sònraichte gnàthaichte bhon 'fhìor shaoghal' cho-aimsireil. Bu chòir dha tagraichean cumail ri ceann nan ceistean KU a tha ag iarraidh 'dà dhòigh'/trì adhbharan aig a' char as motha' gus dèanamh cinnteach gu bheil am freagairtean a rèir an stiùiridh sin. Bu chòir a bhith a' sgrìobhadh barrachd a sheachnadh oir 's e an dà phuing/na trì puingean as fheàrr ann am freagairt a bhuannaicheas creideas.

Bu chòir dha tagraichean puingean nam freagairtean a leasachadh gu h-iomlan airson ceistean KU a mhìneachadh le bhith ag oidhirpeachadh air cruth de mhion-sgrùdadh. Tha seo a' dèanamh cinnteach gun tèid na 4 comharran airson puing shingilte leasaichte a thoirt dhaibh airson nam freagairtean aca.

Bu chòir dha freagairtean thagraichean dha ceistean air sgilean coimeas a dhèanamh eadar staitistigs, atharrachaidhean thar ùine a shealltainn, eadar-dhealachaidhean a shealltainn agus iomraidhean air measadh a dhèanamh. Bu chòir dha tagraichean briathrachas leithid 'àrdachadh/isleachadh cudromach' a chleachdadh agus 'foillseachadh ionannachdan/ nuair a thathas a' mion-sgrùdadh fiosrachadh.

Bu chòir dha freagairtean thagraichean do cheist sgilean roghnach/co-dhùnaidh cur an cèill gu soilleir dè an roghainn a tha iad air taghadh agus a bheil, no nach eil, iad a' toirt taic no a' cur an aghaidh beachd shònraichte. Tha seo a' toirt cothrom dha tagraichean freagairt nas eagraichte a thoirt seachad. Bu chòir dha tagraichean cuideachd riatanas pàirt (111) den cheist roghnach a thuigsinn — 'mìnich carson nach do thagh thu an roghainn eile' — agus freagairt iomchaidh a thoirt seachad airson seo.

Bu chòir freagairtean thagraichean dha ceistean sgilean co-dhùnaidh dèanamh soilleir dè an co-dhùnadh le puingean-peileir ris a bheilear a' dèiligeadh — faodaidh fo-chinn cuideachadh le seo agus fòcas a thoirt dha freagairtean thagraichean. Airson làn chomharran fhaighinn bu chòir puingean a leasachadh le bhith a' tighinn gu co-dhùnadh tùsail is làirsinneach le taic

bho barrachd air aon phìos fianais a th' air a tharraing bho dhà stòr no bho phàirtean eadar-dhealaichte den aon stòr.

## **Obair shònraichte**

### **Taghadh cùis no cuspair freagarrach ann an nuadh-eòlas**

Feumaidh tagraichean cuspair a thaghadh a tha a' dèiligeadh gu soilleir ri cùis bhuntainneach, cho-aimsireil ann an nuadh-eòlas. Tha comhairle ga thoirt dha tagraichean gun cuspairean ann an nuadh-eòlas a chur còmhla ri obair shònraichte ann an cuspairean eile gus nach cleachd iad fiosrachadh mì-fhreagarrach no eachdraidheil, me cunntasan/tuairisgeulan de eucoirean/eucoraich eachdraidheil; bàs roghnaichte; còraichean bheathaichean; peanas bàis; no coirbteachd ann an spòrs.

### **Duilleag rannsachaidh nuadh-eòlais**

Bu chòir dha tagraichean an duilleag rannsachaidh (dà dhuilleag shingilte A4) a chleachdadh airson fianais a thoirt seachad gu bheil iad air an rannsachadh fhèin a dhèanamh. Cha chòir dha tagraichean plana a cleachdadh. Chan fhaigh lethbhreacadh dìreach bho dhuilleagan rannsachaidh creideas sam bith agus, far nach tèid fianais rannsachaidh a chomharrachadh chan fhaighear làn chomharran. Thèid dèiligeadh ri fianais rannsachaidh còdaichte sam bith mar lethbhreacadh dìreach.

### **Dòighean rannsachaidh**

San earrainn 'dòighean rannsachaidh' den obair shònraichte bu chòir dha tagraichean luachadh sgrùdail a dhèanamh air dà dhòigh a chleachd iad nan rannsachadh. Cha tèid comharran sam bith a thoirt seachad airson freagairtean le beachdan coitcheann mu na dòighean rannsachaidh no nach toir iomradh air rannsachadh nan tagraichean fhèin.

### **Toraidhean**

Anns an earrainn 'toraidhean' den obair shònraichte bu chòir dha tagraichean eòlas mionaideach den cuspair taghte a shealltainn. Faodaidh freagairtean thagraichean iomradh a thoirt air eòlas, a tha a' dol thar an amasan, a thog iad tron rannsachadh. Cha chòir fiosrachadh a tha a rèir co-dhùnaidhean thagraichean mun chùis a chur dhan earrainn seo. Gus an làn raon de chomharran airson 'toraidhean' fhaighinn feumaidh freagairtean thagraichean co-dhiù aon cheangal dìreach san earrainn seo a dhèanamh ri na dòighean rannsachaidh.

### **Co-dhùnaidhean**

Dh'fhaodadh tagraichean a th' air an dòigh beachd-bharail is amasan a chleachdadh dèiligeadh riutha sin ann an earrainn nan co-dhùnaidhean nan aithisg. Dh'fhaodadh tagraichean a th' air sgrùdadh a dhèanamh a thighinn gu co-dhùnaidhean mionaideach làidir bhon rannsachadh aca agus dh'fhaodar iad sin a chleachdadh san earrainn seo airson na comharran iomlan fhaighinn. Chan fhaigh freagairtean a nì ath-aithris air fiosrachadh a chaidh a chleachdadh roimhe san earrainn 'toraidhean' comharran sam bith.

# A' leasachadh sgilean ionnsachaidh, sgilean beatha is sgilean obrach

Bu chòir dha luchd-planaidh chùrsaichean cothroman a chomharrachadh tron chùrsa gus sgilean ionnsachaidh, sgilean beatha is sgilean obrach a leasachadh.

Bu chòir mothachadh a bhith aig tagraichean do na sgilean a tha iad a' leasachadh agus faodaidh tidsearan is òraidichean comhairle a thoirt seachad mu chothroman airson ruith thairis orra is an toirt air adhart.

Cha bhi SQA a' measadh sgilean ionnsachaidh, sgilean beatha is sgilean obrach gu foirmeil.

Faodaidh cothroman a bhith ann cuideachd airson sgilean a bharrachd a leasachadh a rèir nan dòighean-obrach a tha gach ionad a' cleachdadh airson an cùrsa a lìbhrigeadh. Tha seo an urra ri stiùireadh thidsearan is òraidichean fa leth.

Tha comhairle a bharrachd air mar a dh'fhaodas sgilean ionnsachaidh, sgilean beatha is sgilean obrach a bhith air an leasachadh ri fhaighinn gu h-ìosal.

## 1 Litearrachd

Tha nuadh-eòlas freagarrach airson sgilean litearrachd a leasachadh gu h-àraidh leughadh is sgrìobhadh. Bu chòir tagraichean a bhrosnachadh gu bhith a' leughadh nas urrainn dhaibh agus a bhith a' dèanamh tòrr sgrìobhaidh nuair a tha sin iomchaidh gus adhartas a dhèanamh ann an teisteanasan eile ann an nuadh-eòlas no roinnean co-cheangailte agus ann an saoghal na h-obrach. Tha e coltach gun cuir iad eòlas air sgilean èisteachd is labhairt ann an còmhraidhean is deasbadaan clas.

Sa chùrsa, tha cothrom aig tagraichean leasachadh a dhèanamh air mòran fheartan litearrachd. Mar eisimpleir, faodaidh iad caochladh theacsaichean mun chuspair no mun chùis a tha iad a' sgrùdadh a leughadh, a' gabhail a-steach raon de phàipearan-naidheachd ann an clò no ann an cruth eileagtronaigeach. Faodaidh iad sin a sgrùdadh còmhla ri rannsachadh acadamaigeach no aithisgean riaghaltais aig ìre fhreagarrach. Tha seo a' ciallachadh gu bheil cothrom aca beachdachadh air iomadh teacsa eadar-dhealaichte agus smaoineachadh mu na buannachdan no na cuingealachdan a th' aca airson fiosrachadh a chuidicheas iad gus crìoch a chur air an obair shònraichte aca.

Tha obair shònraichte Nuadh-eòlais Nàiseanta 5 cuideachd a' toirt cothrom cudromach seachad airson sgilean sgrìobhaidh a leasachadh. Faodaidh tagraichean cunntas is gearr-chunntas a thoirt seachad mun rannsachadh a tha iad air a dhèanamh, luach diofar stòran a mheasadh 's a luachadh agus beachdan is barailean a chur an cèill a thuilleadh air a bhith a' smaoineachadh mu na dh'ionnsaich iad gu pearsanta.

### 1.1 Leughadh

Tha tagraichean ann an nuadh-eòlas a' leasachadh an sgilean litearrachd ann an dòighean cudromach le bhith a' leughadh:

- ◆ pàipearan-naidheachd (faodar cuideachd leasachadh a dhèanamh air sgilean gus aontachadh no a dhol an aghaidh bheachdan a' cleachdadh fiosrachadh, is eile)

- ◆ litreachas iomairteach, me bileagan phàrtaidhean poilitigeach/buidhnean tagraidh, postairean, fiosrachadh air làraichean-lìn.
- ◆ blogaichean
- ◆ leabhraichean latha
- ◆ a' taghadh fiosrachadh buntainneach bho stòr

## 1.2 Sgrìobhadh

Bidh tagraichean ann an nuadh-eòlas a' leasachadh an sgilean sgrìobhaidh anns na dòighean a leanas:

- ◆ a' cruthachadh cheisteachain/sgrùdaidhean
- ◆ a' cruthachadh cheistean agallaimh
- ◆ a' sgrìobhadh litrichean gu riochdairean
- ◆ a' cruthachadh manifestothan phàrtaidhean poilitigeach, aithisgean mu eucoir ionadail, faidhlichean fiosrachaidh dùthchail, is eile
- ◆ a' leasachadh sgilean airson notaichean a sgrìobhadh le bhith a' taghadh, mar eisimpleir:
  - prìomh phuingeann fiosrachaidh bho làrach-lìn na RA no pàrlamaid na h-Alba
  - fiosrachadh buntainneach bho raon ghoireasan mu eucoir is an lagh
  - prìomh phuingeann bho stuth lèir-chlaisteach mu chùis chruinneil
  - fiosrachadh bho làraichean-lìn no bho chriomagan bhidio/DVD ris an deach sealltainn sa chlas
- ◆ a' sgrìobhadh is ag ath-sgrìobhadh geàrr-chunntasan bho notaichean
- ◆ ag ullachadh notaichean airson com-pàirt a ghabhail ann an còmhradh is deasbad
- ◆ ag eagrachadh smuaintean le bhith a' dèanamh map co-theacsach le fiosrachadh mionaideach airson ath-sgrùdadh
- ◆ a' sgrìobhadh is ag ath-sgrìobhadh stuthan airson aithisg no aiste co-cheangailte ri cùis
- ◆ ag ath-leasachadh smuaintean le bhith a' sgrìobhadh lèirmheas den obair fhèin agus a' gabhail notaichean mu phlanaichean airson adhartas
- ◆ a' conaltradh gu làidir le bhith a' sgrìobhadh òraid air cuspair sònraichte a thèid a thaisbeanadh sa chlas

## 2 Àireamhachd

Tha sgilean àireamhachd gan leasachadh tro luachadh raon de stòran fiosrachaidh àireamhachail, staitistigeil is grafaigail nuair a tha obair mu stòran ga dhèanamh agus tro chothroman rannsachaidh.

Tha eòlas mu làimhseachadh stòran ann an nuadh-eòlas a' tabhann chothroman gus dèiligeadh ri raon ghrafaichean, chlàran is chairtean:

- ◆ Airson cùisean poilitigeach tha iomadh stòr dàta ann mu thaghaidhean o chionn ghoirid air am faod tagraichean ruighinn, no a dh'fhaodar a thoirt dhaibh airson graf-dealbhach a dhèanamh asta.

- ◆ Airson cùisean sòisealta dh'fhaodadh tagraichean sgrùdaidhean no ceisteachain mu bhochdainn no eucoir a dheilbh is a ghabhail os làimh agus am fiosrachadh a thaisbeanadh ann an clàr no graf.
- ◆ Airson ùghdarras cruinneil sam bith tha dàta foirmeil staitistigeach ann a dh'fhaodas tagraichean a chleachdadh airson adhbharan rannsachaidh. Dh'fhaodadh tagraichean dàta atharrachadh gu cruth eile, me fiosrachadh ann an cruth air clàr mu staitistigs slàinte agus atharrachadh gu graf-colbh.
- ◆ Airson cùisean eadar-nàiseanta dh'fhaodadh na Dùthchannan Aonaichte a bhith nan stòr fheumail airson fiosrachadh staitistigeach. Dh'fhaodadh fiosrachadh cuingealaichte a thoirt dha tagraichean gus atharrachadh gu cruth simplidh airson a thaisbeanadh don chòrr den chlas.
- ◆ Dh'fhaodadh tagraichean rannsachadh a dhèanamh air feart shònraichte ann an càraidean no am buidhnean beaga agus ceist stòir a chruthachadh dhan chlas den aon seòrsa ri na ceistean a th' anns a' phàipear me dh'fhaodadh buidhnean beaga fiosrachadh mu chùis eadar-dhealaichte shòisealta no eaconamach a rannsachadh airson na dùthcha air a bheil iad a' cuimseachadh.
- ◆ Bu chòir gum biodh e comasach dha tagraichean co-dhùnaidhean a tharraing a tha stèidhichte air fiosrachadh/dàta agus a bhith comasach air beachdachadh air dè cho earbsach 's a tha fianais mar sin.

Bu chòir dha tidsearan is òraidichean stòran staitistigeach a chleachdadh gus obair iomchaidh a chruthachadh thairis air an raon iomlan de cheistean nuadh-eòlais a tha stèidhichte air stòran.

### 2.3 A' làimhseachadh fiosrachadh

Nan sgrùdadh air cùisean poiliteach, sòisealta is eadar-nàiseanta, tha tagraichean a' coinneachadh is a' cleachdadh farsaingeachd de dh'fhiosrachadh àireamhachail, grafaigeach is dealbhach. Feumaidh iad dèiligeadh ri fiosrachadh staitistigeach ann am farsaingeachd chruthan, me grafaichean loidhne, clàran-cearcaill, grafaichean-colbh. Bu chòir dhaibh fiosrachadh a chleachdadh bho raon de stòran agus a bhith comasach air an dàta seo a luachadh le bhith a' cur taic agus a' dol an aghaidh bheachdan, a' cur taic ri breithneachaidhean agus a' tighinn gu co-dhùnaidhean.

Tha iomadh dòigh air na sgilean sin a leasachadh, me ann an roinn sgrùdaidh chùisean poiliteach, dh'fhaodadh toraidhean bho ghrunn Thaghaidhean Coitcheann a bh' ann o chionn ghoirid a thoirt do thagraichean ann an clàran no grafaichean-colbh. Dh'fhaodadh am fiosrachadh a bhith a' gabhail a-steach an àireamh sa cheud de sheataichean is de bhòtaichean a fhuair pàrtaidh poiliteach, no an àireamh/ceudad de bhoireannaich no riochdairean bho mhion-cinneachdan a fhuair a-steach.

Bhiodh dùil gun tigeadh tagraichean gu co-dhùnadh iomlan co-cheangailte ri:

- ◆ cothromachd ann an riochdachadh, me pàrtaidhean poiliteach a fhuair àireamh neo-chuimseach de sheataichean a rèir na fhuaras de bhòtaichean
- ◆ riochdachadh neo-iomchaidh, me dh'fhaodadh tagraichean na buidhnean sin a chomharrachadh nach d' fhuair àireamh iomchaidh de riochdairean a rèir na h-àireimh san RA gu h-iomlan.

- ◆ comharrachadh ghluasadan rè ùine, me an àireamh de phàrtaidhean beaga poilitigeach — a bheil taic air àrdachadh/isleachadh? Dh'fhaodadh tagraichean an uair sin an gluasad comharraichte a chleachdadh airson rannsachadh a bharrachd a ghabhail os làimh agus sgrùdadh a dhèanamh air dè a dh'fhaodadh sin adhbhrachadh.

## 4 Fastaidheachd, iomairt is saoranachd

### 4.6 Saoranachd

Le bhith a' sgrùdadh deamocrasaidh san RA agus ann an Alba agus far a bheil sgrùdadh air ùghdarras cruinneil air a thaghadh, siostam poilitigeach dùthcha no an AE, tha tagraichean a' leasachadh litearrachd phoilitigeach agus a' rannsachadh prìomh cho-theacsaichean leithid: com-pàirteachadh, riochdachadh, còraichean is dleastanasan; agus a' dèanamh co-dhùnaidhean anns a' cho-chomann – iad uile cudromach do cuspairean saoranachd.

Faodaidh tagraichean an litearrachd phoilitigeach is an sgilean saoranachd a leasachadh anns na dòighean a leanas:

- ◆ a' sgrìobhadh litir gu riochdaire ionadail no nàiseanta
- ◆ a' tadhal air riochdaire ionadail na fhreastal-lann no na oifis
- ◆ a' tadhal air seòmraichean na comhairle ionadail, Pàrlamaid na h-Alba no Pàrlamaid na RA
- ◆ a' toirt cuireadh dha BPA, BP, comhairliche ionadail no riochdaire bho aonadh ciùird bruidhinn ris a' chlas — faodaidh tagraichean ceistean agallaimh ullachadh ro-làimh
- ◆ a' gabhail pàirt ann an deasbadan:
  - a' com-pàirteachadh/stiùireadh thaghaidhean sgoile no clas
  - a' libhrigeadh òraidean, me mar thagraiche ann an taghadh fuadain
  - a' co-obrachadh mar phàirt de sgioba me mar phàrtaidh poilitigeach a' feuchainn ri bhith air a thaghadh

Le bhith a' sgrùdadh chùisean sòisealta, an dara cuid taobh a-staigh roinnean sgrùdaidh mu neo-ionannachd shòisealta no eucoir is an lagh bidh tagraichean a' leasachadh tuigse mu chùisean iomadachd is ionannachd.

Tha cùisean sòisealta agus a' bhuidhe a tha iad a' toirt air slugh a' tabhann chothroman beairteach dha tagraichean gus beachdachadh is smaoineachadh mu dheidhinn na tha iad fhèin a' faireachdainn mun cho-chomann agus mun àite a th' aca fhèin agus càch ann. Tha an roinn sgrùdaidh seo cuideachd a' toirt cothrom dha tagraichean an tuigse a dhaingneachadh a thaobh an dòigh anns a bheil an co-chomann ag obrachadh agus mu chùisean ris am faodadh iad coinneachadh san àm ri teachd.

Ge b' e dè a' chùis eadar-nàiseanta a thathas a' teagasg, bu chòir dha a bhith comasach air cuimseachadh air còraichean taobh a-staigh na cùise sin. Bhiodh Cùmhnant air Còraichean a' Chinne Daonna nan Dùthchannan Aonaichte agus Cùmhnant mu Chòraichean Chloinne nan sàr-sgrìobhainnean airson an cleachdadh an seo. Dh'fhaodadh liosta iomlan de Chòraichean Chloinne a thoirt dha tagraichean agus iarraidh orra na còraichean a tha iad a' meas as cudromaiche dhan chùis a tha iad a' sgrùdadh, a chomharrachadh. Dh'fhaodadh seo an uair sin a bhith na bhunait airson buidhnean rannsachaidh a bharrachd. Le bhith a'

sgrùdadh chùisean eadar-nàiseanta agus co-chomainn eile, bidh tagraichean a' leasachadh sealladh nas fharsainge is nas doimhne mu chùisean cudromach eadar-nàiseanta agus cuspairean beatha ann an co-chomainn eile.

## **5 Sgilean smaoineachaidh**

5.3 A' cleachdadh

5.4 A' mion-sgrùdadh is a' luachadh

Tha tagraichean a' leasachadh an eòlais is an tuigse mu chùisean is thachartasan co-aimsireil agus iad comasach an eòlas a chleachdadh ann an tachartasan is cùisean fìor. Tha an cùrsa a' brosnachadh cuimhne mu fhiosrachadh, mion-sgrùdadh fiosrachaidh bho stòran agus bho eòlas a chaidh a thogail agus luachadh diofar sheòrsaichean fianais is bheachdan. Bidh tagraichean a' foillseachadh nan sgilean sin tro obair clas, gnìomhan measaidh foirmeil agus measadh a' chùrsa.

Tha an cùrsa a' cur tagraichean an sàs ann an obair leudaichte gus diofar stòran a rannsachadh. Faodaidh pìos fiosrachaidh sam bith no stòr stuth sgrùdaidh buntainneach a libhrigeadh, a rèir sgilean an tagraiche. Bu chòir dha tidsearan no òraidichean am breithneachadh fhèin a chleachdadh gus na tagraichean as comasaiche a stiùireadh gu stòran fiosrachaidh a tha nas iom-fhillte agus nas beairtiche.

Tha an obair shònraichte den mheasadh cùrsa a' cur riatanas air tagraichean airson planadh, eagrachadh is leasachadh notaichean air cuspair no cùis a thagh iad. Stèidhichte air an rannsachadh seo feumaidh iad an uair sin luachadh breithneachail mu na dòighean rannsachaidh aca, mu na prìomh thoraidhean agus na co-dhùnaidhean gun tàinig iad ann an suidheachaidhean ùghdarraichte, a sgrìobhadh.

# Fiosrachadh rianachdail

---

**Clò-bhuailte:** Lùnastal 2017 (deasachadh 2.0)

---

## Eachdraidh nan atharrachaidhean gu sònrachadh a' chùrsa

Deasachadh	Cunntas air atharrachadh	Deit
2.0	Notaichean taic cùrsa air a chur ris mar phàipear taice.	Lùnastal 2017

Faodar an sònrachadh cùrsa seo a mhac-shamhlachadh gu h-iomlan no ann am pàirt airson adhbharan oideachail mur a tèid prothaid a dhèanamh agus ma thèid mac-samhlachadh a dhèanamh air pàirt gun tèid an stòr aideachadh. Faodar copaidhean a bharrachd den t-sònrachadh cùrsa seo a luchdadh a-nuas bho làrach-lìn SQA aig . [www.sqa.org.uk](http://www.sqa.org.uk).

Thoir fa-near:tha comhairle ga thoirt dhut sealltainn ri làrach-lìn SQA gus dèanamh cinnteach gu bheil thu a' cleachdadh an dreach as ùire den t-sònrachadh cùrsa.

© Ùghdarras Theisteanas na h-Alba 2012, 2017